



A' Sgrùdadh Eachdraidh Tobhtaichean



Dè th' ann an tobhta?

- 'S e tobhta pìos de rudeigin a tha air fhàgail. Faodaidh tobhtaichean a bhith cho mòr ri caisteal no cho beag ri aon bhreige.
- Faodaidh tobhtaichean a bhith nan seasamh leotha fhèin no nam pàirt de thogalach nas ùire.
- Faodaidh tobhtaichean a bhith cunnartach, agus mar sin thoir inbheach còmhla riut ma tha thu a' dol gan rannsachadh!



Mar a gheibhear a-mach mu thobhtaichean

- Gu tric bidh clàr no bòrd fiosrachaidh faisg air tobhtaichean mòra ag innse beagan mun eachdraidh. 'S e seo àite-tòiseachaidh math.
- 'S e dòigh eile leughadh mu rudeigin ann an leabhar eachdraidh ionadail (me seann loidhne tram) agus an uair sin feuchainn ri lorg tobhtaichean sam bith a dh'fhàg e.
- Mur eil leabhraichean eachdraidh ionadail agad, tha dà dhòigh fhurasta air am faighinn. Bidh taghadh mòr anns a' bhùth-leabhraichean as fhaighe ort. Bidh feadhainn ann an Earrann Fiosrachaidh no Ionadail an leabharlann ionadail agad - agus bheir iad dhut lethbhreac de phìosan cuideachd!
- Aon uair 's gun lorg thu na tobhtaichean, dh'fhaodadh tu dealbhan a thogail agus coimeas a dhèanamh eadar iad agus an fheadhainn anns na leabhraichean no air an eadar-lìon* gus am feuch thu ri obrachadh a-mach dè lorg thu.
- Tha Comunn Eachdraidh Ionadail ann an iomadh baile. 'S e seo buidheann de dhaoine a bhios a' rannsachadh eachdraidh airson cur-seachad. Gheibh thu an àireamh-fòn aca anns a' phàipear-naidheachd no anns an leabharlann ionadail.




* Na cleachd an t-eadar-lìon uair sam bith airson rannsachadh gun innse do dh'inbheach dè tha thu a' dol a dhèanamh!



'S e tobhta a th' ann an Eaglais Naoimh Peadair a-nis.



Seo na tha air fhàgail de bhalla mòr air a thogail timcheall air taigh duine aig an robh factaraidh ann an àm aimhreit anns na 1800an. Tha taighean eile air an togail a-steach dhan bhalla a-nis.



Seo fasgadh ris an canar "pill box". Chaidh a thogail aig àm an Dara Cogaidh gus na saighdearan a chuideachadh a' dìon na dùthcha bho na Gearmailtich.



Seo tùr a' dol air ais gu linn nan Ròmanach.

Bha i air a h-ath-chleachdadh le na Nòrmanaich mar phàirt den chaisteal aca agus bha e na phrìosan anns na 1700an.

'S e pàirt de thaigh-seinnse a th' ann a-nis.

